

Òran air Là Sliabh an t-Siorraim

le Sìleas na Ceapaich

Amasan

Gheibhear an cothrom rudan ionnsachadh mu:

- Shìleas na Ceapaich agus a cuid obrach
- buaidh nam bàrd sna linntean a dh'fhalbh

Gnìomhan

- Rannsachadh co-theacs
- Tuigse is Anailis
- Ceistean aon neach

Goireasan

- <http://digital.nls.uk/learning/gaelic-bards/>
- http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/larachnambard/poets/sileas_ceapaich/ambard/
- <http://faclair.info>

Cò i is carson a rinn i am pìos seo?

Uair sam bith a thathar a' sgrùdadh bàrdachd, tha e cudromach gun tuigear beagan mun bhàrd fhèin agus an saoghal anns an robh iad beò. Bidh e nas fhasa an uair sin a bhith a' tuigsinn nan rudan air a bheil am bàrd a-mach agus na rudan a thug orra am pìos a chruthachadh.

Air làrach-lìn Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, tha mòran ghoireasan feumail ann – tha an ceangal air taobh clì na duilleige seo. Cliog air 'Òran air Là Sliabh an t-Siorraim' agus leugh am fiosrachadh a tha an sin, air a bheil 'Sgeul beatha Sìleas na Ceapaich' agus 'Mun phìos bàrdachd'. Thoir sùil gheur air na tha sgrìobhte an sin agus dèan notaichean stèidhichte air na cinn a leanas:

Notaichean

- Teaghlach Inbhe
- Creideamh is Cuspairean
- Am Blàr

Tuigse

'S e pìos geur agus buadh-mhor a th' ann an 'Òran air Là Sliabh an t-Siorraim', far an cluinnear iomraidhean air gaisgich nan Ceapach agus beachdan poilitigeach a' bhàird.

Leugh a' bhàrdachd gu dlùth, agus còmhla ri neach eile sa chlas, feuch an urrainn dhuibh togail na tha am bàrd ag innse dhuinn anns gach rann.

Sgrìobhaibh ur beachdan air an leth-bhreac a tha an cois a' phasgain seo. Bhiodh e feumail cuideachd faclan sam bith air nach eil sibh eòlach a lorg san fhaclair.

Anailis

Cruthaich mapa-inntinn, le tiotal a' phìos anns a' mheadhan, is cur na cinn seo mu thimcheall air an tiotal:

- Moladh nan gaisgeach
- Càineadh nàimhdean
- Beachdan poilitigeach

Lorg eisimpleirean de na rudan seo sa bhàrdachd agus inns mar a tha Sìleas na Ceapaich a' cur an cèill a beachdan mun deidhinn.

Teachdaireachd is buaidh


B'è obair chudromach a bh' ann am bàrdachd ann an saoghal nan cinnidhean agus is cinnteach gun robh amasan sònraichte aig a' bhàrd nuair a rinn i am pìos seo.

Freagair na ceistean seo, a' cleachdadh eisimpleirean is fianais bhon bhàrdachd nuair a tha sin iomchaidh:

1. Dè na rudan a tha ag innse dhuinn gu bheil Sìleas a' bruidhinn às leth a' chinnidh sa phìos seo?
2. Inns mu na cleasan a tha Sìleas na Ceapaich a' cleachdadh gus gaisgich a' chinnidh a mholadh.
3. Tagh an rann as fhèrr leat agus mìnich carson a tha e a' còrdadh riut.
4. Dè an t-amas a bh' aig Sìleas nuair a rinn i am pìos seo? Mìnich carson a tha thu den bheachd seo.

Obair Leudachaidh

Cleachd 'Làrach nam Bàrd' aig a' BhBC airson faidhle-fiosrachaidh a chruthachadh mu dheidhinn a' bhàird



Tha mulad, tha gruaim orm, tha bròn,
On dh'imich mo chàirdean air folbh,
On chaidh iad air asta
Gun chinnt mun teachd dhachaigh,
Tha m' inntinn fo airtneal nas leòir.